



HIGHLAND CULTURE COLLECTIVE

Highland Culture Collective is
supported by



ALBA | CHRUTHACHAIL

CLÀR-INNSE

Sùil san fharsaingeachd air Co-chomann a' Chultair	3
Faighibh tuilleadh a-mach mu dheidhinn a' phrògraim ùir nàiseanta seo	
Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd	4-5
Pròiseact ùr air a' Ghàidhealtachd	
Cothroman	6-8
Ciamar a ghabhas sibh pàirt ann?	
Dealbh-obrach / Cumhachan obrach	9
Find out more, including how to apply	
Clàr-ùine Fastaidh	10
Liosta nam prìomh-chinn-latha	

CONTENTS

Overview of Culture Collective	3
Find out more about this new national programme	
Highland Culture Collective	4-5
A new project in the Highlands	
Opportunities	6-8
How can you get involved?	
Job Description / Employment Conditions	9
Find out more, including how to apply	
Recruitment Schedule	10
A list of key dates	

SÙIL SAN FHARSAINGEACHD

'S e prògram deuchainn nàiseanta a tha ann an Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd a chuireas air bhonn lìonra de luchd-ealain, de chomann is de choimhearsnachdan ag obair còmhla airson diofar deimhinne a chruthachadh gu h-ionadail is gu nàiseanta mar fhreagairt air Cobhad-19.

Sa Ghearran 2021, sgaoil Alba Chruthachail £5.9m am measg 26 prìomh-bhuidhnean air feadh na h-Alba gus dòighean a leasachadh còmhla mar fhreagairt air buaidh a' ghalair leantainn.

Bidh aire Co-chomann a' Chultair air obair chruthachail còmhla ris na coimhearsnachdan, taic ri dòighean com-pàirteachail is pròiseactan far an oibrich luchd-ealain agus coimhearsnachdan le chèile. 'S e prìomh-phàirt dhe seo dèiligeadh ri buaidh COBHAD-19, a' cur chothromanan cosnaidh an tairgse do luchd-ealain agus a' cuideachadh le daoine beatha chultarach nan coimhearsnachdan aca a chumadh san àm a tha romhpa.

Tha co-obrachadh deatamach don phrògram aig ìre ionadail is nàiseanta. Feumaidh gach buidheann is ealainiche a gheibh taic co-obrachadh le coimhearsnachdan gu h-ionadail ach cuideachd obair còmhla mar cho-chomann nàiseanta. Le taic co-òrdanaiche sa mheadhan (Ceannard Prògram Co-chomann a' Chultair, Kathryn Welch) a bhios os cionn a' phrògram, bheir seo a-staigh sìor-riarachadh an adhartais a nìthear; a bhith an làthair aig coinneamhan is tachartasan nàiseanta; agus gabhail com-pàirt ann an measadh na deuchainn.

OVERVIEW THE CULTURE COLLECTIVE

The Culture Collective is a national pilot programme which will establish a network of creative practitioners, organisations and communities, working together to create a positive difference locally and nationally in response to COVID-19.

In February 2021, Creative Scotland distributed £5.9m to 26 lead organisations across Scotland to collaboratively develop ways of responding to the impacts of the ongoing pandemic.

The Culture Collective will focus on community engaged creative activity, supporting participatory approaches and projects where creative practitioners and communities work collaboratively. A key element of this will be proactively responding to the impact of COVID-19, providing employment opportunities for creative practitioners and actively engaging people in shaping the future cultural life of their community.

Working collectively is central to the programme at a local and national level. Each of the supported organisations and creative practitioners will be required to collaborate with communities locally but also to work together as a national collective. With the support of a central coordinator (Culture Collective Programme Lead, Kathryn Welch) who will oversee the programme, this includes the ongoing sharing of progress; attendance at national meetings and events; and participation in an evaluation of the pilot.

'S i Fèis Rois prìomh-bhuidheann rianachd Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd, rud a tha a' ciallachadh gun deach £300,000 a bhuileachadh air Fèis Rois le Alba Chruthachail. Tha Fèis Rois ga faicinn fhèin mar chom-pàirtiche co-ionnann sa phròiseiact cho-obrachail seo, sa bheil cuideachd Eadar-aghaidh Treas Roinn na Gàidhealtachd, Cùirt Eden, Clò-lann na Gàidhealtachd, Ionad Ealain Lyth agus North Lands Creative.

Ag obair còmhla, tairgidh an co-chomann seo 6 cosnaidhean làn-ùine sa Ghàidhealtachd.

Freagraidh Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd air buaidh a' ghalair Cobhad-19 air an àrainneachd is air na coimhearsnachdan seo de dhaoine:

- Daoine a dh'fhuiling air sàilleabh a' ghalair, nam measg, mar eisimpleir, seann daoine, an teaghlach agus an luchd-cùraim.
- Boireannaich, clann is òigridh fo bhuaidh droch-dhiol san dachaigh
- An fheadhainn a tha fo bhuaidh siostam a' cheartais, nam measg eucoirich, an fheadhainn a tha buailteach eucoir a dhèanamh, agus an fheadhainn aig a bheil ball den teaghlach sa phrìosan.
- Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig an robh tàir le ionnsachadh na Gàidhlig sa bhliadhna a tha seachad, m.e. clann is òigridh a fhrithheilas foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ach aig nach eil Gàidhlig a-staigh.

HIGHLAND CULTURE COLLECTIVE



Fèis Rois is the administrative lead for the Highland Culture Collective, meaning that Fèis Rois has been awarded £300,000 by Creative Scotland. Fèis Rois views itself as an equal partner in this collaborative project, which also includes Highland Third Sector Interface, Eden Court, Highland Print Studio, Lyth Arts Centre and North Lands Creative.

Working together, this group of organisations will offer 6 new full-time jobs in the Highlands.

Highland Culture Collective will respond to the impact of the pandemic on **the environment** and on the following communities of people:

- People impacted by the pandemic, including, for example, older people, their families and carers.
- Women, children and young people affected by domestic abuse.
- Those affected by the justice system, including offenders, those at risk of offending, and those with a family member in prison.
- Gaelic learners who have struggled with language acquisition over the past year, e.g. children and young people who attend GME but who do not have Gaelic at home.

CO-CHOMAINN CULTAR NA Gàidhealtachd: NA BUIDHNEAN



Tha Fèis Rois a' cur an comas dhaoine de gach aois pàirt a ghabhail ann an dual-cheòl is ealain Ghàidhealach, is a mhealtainn mar a tha i an-diugh air a' Ghàidhealtachd, air feadh na h-Alba is thall thairis.

www.feisrois.org



Eden Court 'S e Cùirt Eden an t-àite-cluiche ealain as motha air a' Ghàidhealtachd ach cuideachd tha e na charthannas clàraichte a bhios a' tabhann a' phrògram ionnsachaidh chruthachail as motha a tha aig taigh-cluiche sam bith ann am Breatann.

www.eden-court.co.uk



Highland Third Sector Interface 's e carthannas neo-eisimileach a tha seo a tha air tì obair a mhisneachadh is a bhrosnachadh is taic a chumail ri buidhnean coimhearsnachd, clubaichean, carthannasan is buidhnean eile san treas roinn air feadh na Gàidhealtachd.

www.highlandtsi.org.uk



North Lands Creative Seo fear de na h-ionadan as cliùitiche air an t-saoghal airson glainne mar chruth ealain ionnsachadh is a leasachadh, a' cur an tairgse ghoireasan sgoineil, cothroman agus mac-meanmna do luchd-ealain bho air feadh an t-saoghail a tha ag obair le glainne.

www.northlandscreative.co.uk



Lyth Arts Centre (LAC) 'S e ionad ealain Lyth an t-ionad ealain as fhaide tuath air tìr-mòr Bhreatainn, a bhios a' toirt an làthair prògram bliadhnail de chluiche bheò air feadh Gallaibh is cuideachd ealain lèirsinneach an latha an-diugh agus prògram farsaing com-pàirteachail de phròiseactan foghlaim is ealain a' dèiligeadh le gnòthaichean an latha an-diugh air an stiùireadh le co-chomainn sa choimhearsnachd againn.

www.lytharts.org.uk



Highland Print Studio Tha Clò-lann na Gàidhealtachd na ghoireas clò-dhèanamh is iomhaigheachd dhigiteach sònraichte stèidhichte ann an Inbhir Nis a dh'ionnsaicheas do dhaoine, eadar luchd-tòiseachaidh is luchd-ealain proifeiseanta mar a chleachdas iad an taigh-ceàirde agus cuideachd a chuireas an comas sgoiltean is bhuidhnean coimhearsnachd air feadh na Gàidhealtachd com-pàirt a ghabhail ann an gnìomhachd chruthachail.

www.highlandprintstudio.co.uk

MORE ABOUT THE ORGANISATIONS WHO MAKE UP HIGHLAND CULTURE COLLECTIVE



Fèis Rois enables people of all ages to access, participate in and enjoy traditional music and the Gaelic arts in a contemporary context in the Highlands, across Scotland and beyond.

www.feisrois.org



Eden Court is well known as the biggest entertainment venue in the Highlands but it is also a registered charity and provides the largest creative learning programme of any theatre in the UK.

www.eden-court.co.uk



Highland Third Sector Interface is an independent charity on a mission to support, encourage and inspire work with community groups, clubs, charities and other third sector organisations throughout Highland.

www.highlandtsi.org.uk



North Lands Creative is one of the world's most prestigious centres for the study and development of glass as an artform, providing excellent facilities, opportunities and inspiration to artists working with glass from all over the world.

www.northlandscreative.co.uk



Lyth Arts Centre is the UK's most northerly mainland arts centre, presenting an annual programme of live performance across Caithness alongside contemporary visual art and an extensive participatory programme of educational and socially-engaged arts projects led by local creatives in our community.

www.lytharts.org.uk



Highland Print Studio is a specialist printmaking and digital imaging facility based in Inverness. The Studio has an education programme that teaches individuals, from beginner to professional artist, to use the workshop and also enables participation in creative activity for schools and community groups across the Highlands.

www.highlandprintstudio.co.uk

COTHROMAN

Tha Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd an dùil Manaidsear Pròiseict agus còignear Luchd-ealain Còmhnaidh fhadthad gus obair làn-ùine fad 15 mìosan bho 1 Iuchar 2021 gu 30 Sultain 2022

**1 IUCHAR 2021 GU
31 LÙNASTAL 2021**

Àm rannsachaidh is leasachaidh airson sgioba ùr Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd

**1 SULTAIN 2021 GU
31 LÙNASTAL 2022**

Bliadhna de ghnìomhan cruthachail a' dèiligeadh ris an t-sluagh air feadh na Gàidhealtachd far am bi luchd-ealain is coimhearsnachdan ag obair còmhla ri chèile

**1 GU 30 SULTAIN
2022**

Mios airson beachdachadh air a' phròiseict agus na chaidh ionnsachadh a riarachadh le càch

Thèid an còignear Ealainichean Còmhnaidh fhadthad làn-ùine leis an t-seachdain-obrach air a roinn mar a leanas:

1 latha airson planadh is rianachd

3 làithean de cho-chruthachadh / a' teagasg anns na coimhearsnachdan fhèin

1 latha airson aire a thoirt air ur n-obair ealain fhèin

Cuiridh Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd cothroman an comas thrìuir ealainichean eòlach agus dithis a tha ag èirigh. Tuigidh sinn gur urrainn do dhaoine gabhail ris an ealain mar bheò-shlàinte aig àm sam bith nam beatha mar sin chan eil dreuchdan an luchd-ealain a tha ag èirigh a-rèir an aois.

THE OPPORTUNITIES

Highland Culture Collective is looking to recruit a **Project Manager** and **5 Artists in Residence** to work **full-time** for a period of **15-months** from 01 July 2021 to 30 September 2022.

**01 JULY 2021 -
31 AUGUST 2021**

A period of research and development for the new Highland Culture Collective team

**01 SEPTEMBER 2021 -
31 AUGUST 2022**

A year of socially engaged creative activity across the Highlands developing projects where artists and communities work together collaboratively

**01 -30 SEPTEMBER
2022**

A month to reflect on the project and share learning

The five Artists in Residence will be employed full-time with the working week divided as follows:

1 day for planning & admin

3 days for co-creating/ delivering with communities

1 day to focus on your own artistic practice

Highland Culture Collective will provide opportunities for three experienced artists and two emerging artists. We understand that people can enter into a career in the arts at any time in their lives and, as such, the roles for emerging artists **are not age dependent**.

'S iad na sia dreuchdan a tha rim faighinn:

	TUARASTAL	AIT-OBHRACH	AOIDHEACHD LE
Manaidsear Pròiseict	£27,000 - £30,000 pro rata a-rèir eòlais ro £37,500 airson 15 mìosan	Àite sam bith air a' Ghàidhealtachd	Fèis Rois
Ceòladair Còmhnaidh (eòlach)	£30,000 airson bliadhna £37,500 fad 15 mìosan	Inbhir Nis/ Siorrachd Rois	Fèis Rois/ Cùirt Eden
Ealainiche Còmhnaidh (eòlach - cruth ealain sam bith)	£30,000 airson bliadhna £37,500 fad 15 mìosan	Àite sam bith air a' Ghàidhealtachd	A h-uile buidheann ann an Co- chomann Cultar na Gàidhealtachd
Ealainiche Còmhnaidh (eòlach - cruth ealain sam bith)	£30,000 airson bliadhna £37,500 fad 15 mìosan	Àite sam bith air a' Ghàidhealtachd	Fèis Rois/ Cùirt Eden
Ealainiche Lèirsinneach Còmhnaidh (ag èirigh)	£22,500 airson bliadhna £28,125 fad 15 mìosan	Inbhir Nis	Ionad Ealain Lyth / North Lands Creative
Ealainiche Còmhnaidh (ag èirigh - cruth ealain sam bith)	£22,500 airson bliadhna £28,125 fad 15 mìosan	Gallaibh	Ionad Ealain Lyth/ North Lands Creative

Dè tha sinn a' ciallachadh le eòlach is ag èirigh?

Tha dùil againn gum bi còrr is còig bliadhna de dh'eòlas aig luchd-ealain eòlach agus nas lugha na còig bliadhna aig luchd-ealain ag èirigh.

The six full-time posts available are:

	SALARY	LOCATION	HOSTED BY
Project Manager	£27,000 - £30,000 depending on experience up to £37,500 for 15 months	Any Highland	Fèis Rois
Musician in Residence (EXPERIENCED) <i>Working across community justice</i>	£30,000 annual salary £37,500 for the 15 month project	Inverness/ Ross-Shire	Fèis Rois/ Eden Court
Artist in Residence (EXPERIENCED ANY ART FORM) <i>Working with women, children and young people affected by domestic abuse</i>	£30,000 annual salary £37,500 for the 15 month project	Any Highland	All Highland Culture Collective Organisations
Artist in Residence (EXPERIENCED ANY ART FORM) <i>Supporting Gaelic language acquisition with children and young people</i>	£30,000 annual salary £37,500 for the 15 month project	Any Highland	Fèis Rois/ Eden Court
Visual Artist in Residence (EMERGING) <i>working with people affected by the pandemic</i>	£22,500 annual salary £28,125 for the 15 month project	Inverness	Highland Print Studio
Artist in Residence (EMERGING ANY ART FORM) <i>Exploring the impact of the pandemic on our environment & coastlines</i>	£22,500 annual salary £28,125 for the 15 month project	Caithness	Lyth Arts Centre/ North Lands Creative

What do we mean by experienced and emerging?

We expect experienced artists to have 5+ years of experience in their artistic practice and emerging artists to have less than 5 years of experience.

Dè na goireasan a tha rim faighinn do gach Ealainiche Còmhnaidh?

Bidh buidseat de £10,000 aig gach ealainiche a cheadaicheas:

- Seiseanan-obrach, tachartasan agus gnìomhan eile
- Stuth-obrach
- Cosgaisean taic, leithid eadar-theangachaidh no siubhail do luchd-compàirt
- Cosgaisean siubhail don ealainiche on a dh'fhaodadh sibh a bhith a' siubhal air feadh na roinne
- Sior-ionnsachadh / oideachadh an ealainiche fhèin

Dè a' phàirt a chluicheas Eadar-aghaidh Treas Roinn na Gàidhealtachd ann an Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd?

Sa Ghàidhealtachd tha sinne moiteil às an dàimh a thogadh eadar buidhnean ealain is cultarach o chionn ghoirid. Tha na buidhnean sa Cho-chomann seo a' co-obrachadh ann am moran phròiseactan soirbheachail marthà, nam measg Crùbh Ealain Òigridh na Gàidhealtachd (www.hyah.co.uk)

Mar an ceudna, tha ETRG air an dìcheall a dhèanamh airson dàimh a dhèanamh ri carthannasan agus buidhnean saor-thoileach a chumas taic ri coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd. Tha sinne a' tuigsinn gu ruige seo, gu bheil muinntir na h-ealain is a' chultair, ged a tha iad air an stiùireadh le buidhnean na treas roinne, air fuireach buileach air leth ris a' chòrr den treas roinn sa cheàrnaidh. Tha sinn air ar dòigh glan gu bheil an cothrom againn uile a bhith ag obair nas dlùithe tro Cho-chomann Cultar na Gàidhealtachd.

Bidh Manaidsear Pròiseict Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd na phrìomh-cheangal eadar an roinn chultarach agus an treas roinn san fharsaingeachd, a' frithealadh choinneamhan cunbhalach de Chompàirteachas Ceartas na Coimhearsnachd, Fòram Slàinte is Sunnd agus a' conaltradh ri Luchd-obrach Ceangail na Coimhearsnachd.

Ceistean?

Nam bu toigh leibh barrachd fhaighinn a-mach mu na cothroman cosnadh rim faighinn tro Cho-chomann Cultar na Gàidhealtachd, nach tig sibh gu fear de na dhà sheminear air loidhne còmhla ri Fionnghal Dalgetty, Ceannard Feis Rois agus buill eile Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd far am bruidhinn iad air a' phròiseact agus far am freagair iad ceistean sam bith a tha agaibh. Thèid iadsan a chumail:

Diardaoin 13 Cèitean, 7f & Diluain 24 Cèitean, 12f

GLÈIDH ÀITE AN SEO HERE

Faodaidh sibh post-d. a chur gu Fionnghal ann an dìomhaireas airson còmhradh neo-fhoirmeil a chur air dòigh:

fiona.dalgetty@feisrois.org

What resources are available to each Artist in Residence?

Each residency will have a budget of £10,000 to allow for:

- Workshops, events and other activities
- Materials
- Access costs, such as translation or transport for participants
- Travel expenses for the artist as you might be travelling across the region
- CPD / training for the artist

What is the role of the Highland Third Sector Interface in Highland Culture Collective?

In the Highlands, we are very proud of the relationships that have been built between arts and cultural organisations in recent years. The organisations in this consortium already collaborate on many successful projects together, including the Highland Youth Arts Hub (www.hyah.co.uk)

Similarly, HTSI has worked hard to build relationships with charities and voluntary organisations that support communities across the region. We recognise that, to date, the arts and cultural sector, although led by third sector organisations, has remained quite separate to the rest of the third sector in the region. We are hugely excited at the opportunity for us all to work more closely through the Highland Culture Collective.

The Highland Culture Collective Project Manager will be a key link between the cultural sector and the third sector more generally, attending regular meetings of the Community Justice Partnership, the Health and Wellbeing Forum and connecting with the Community Link Workers.

Questions?

If you would like to find out more about the job opportunities available through the Highland Culture Collective, come along to one of two webinars with Fiona Dalgetty, Chief Executive of Fèis Rois and other members of the Highland Culture Collective where they will talk about the project and answer any questions you might have. These will be held on

Thursday 13th May, 7pm & Monday 24th May, 12pm

BOOK A SPACE HERE

You can also email Fiona, in confidence, to arrange an informal chat:

fiona.dalgetty@feisrois.org

DEALBH-OBACH / CUMHACHAN OBACH

Feuch gun coimhead sibh air na trì pàipearan air leth a' toirt fios mionaideach air na dealbhan-obrach agus na cumhachan obrach airson na dreuchdan a leanas:

- 2 x Ealainiche ag Èirigh
- 3 x Ealainiche Eòlach
- Manaidsear a' Phròiseict

Tha na pàipearan sin a' mìneachadh mar a chuireas sibh a-staigh airson nan cothroman sin.

JOB DESCRIPTION / EMPLOYMENT CONDITIONS

Please see the three separate documents outlining the job descriptions and employment conditions for the following roles available:

- 2 x Emerging Artists
- 3 x Experienced Artists
- Project Manager

These documents also explain how to apply for these opportunities.

CLÀR-ÙINE FASTAIDH

Dihaoine 7 Cèitean Fosgailte do dh'iarrtasan

Diardaoin 13 Cèitean, 7f Ceis is Freagairt air loidhne 1

Diluain 24 Cèitean, 12f Ceis is Freagairt air loidhne 2

Diluain 31st Cèitean, 5f Ceann-latha nan iarrtasan

Diardaoin 3rd Òg-mhìos Thèid innse do gach tagraiche an deach no nach deach a thaghadh airson agallamh

Diluain 7 gu Dihaoine 11 Òg-mhìos Tachraidh a h-uile h-agallamh agus thèid an co-dhùnadh innse do gach tagraiche taobh a-staigh 24 uairean a thìde

Seachdain 14 Òg-mhìos Gheibh a h-uile tagraiche fios air ais air mar a rinn e

Diardaoin 1 Iuchar Ceann-latha tòiseachaidh a tha air a mholadh le dà latha còmhla air 1 agus 2 Iuchar còmhla ris a h-uile duine ann an sgioba ùr Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd agus compàirtichean a' Cho-chaidreimh.

RECRUITMENT SCHEDULE

Friday 07 May Applications Open

Thursday 13 May, 7pm Online Q&A 1

Monday 24 May, 12pm Online Q&A 2

Monday 31 May, 5pm Deadline for applications

Thursday 3 June All applicants advised as to whether or not they have been selected for an interview

Mon 07 - Fri 11 June All interviews take place and applicants notified of the outcome of their interview within 24-hours

Week 14 June All applicants receive feedback

Thursday 01 July Proposed start date with 2 days together on 1st and 2nd July with everyone in the new Highland Culture Collective team and consortium partners

HIGHLAND CULTURE
COLLECTIVE

Highland Culture Collective is supported by

